



Fios Naidheachd

Foras na Gaeilge agus Bòrd na Gàidhlig a' cur làrach-lìn Colmcille ùr air bhog

9 Ògmhios 2020

Tha Foras na Gaeilge agus Bòrd na Gàidhlig fìor thoilichte làrach-lìn ùr a chur air dòigh airson prògram Colmcille, a tha a' ceangal Èirinn is Alba. Thèid an làrach-lìn ùr a chur air bhog air 9 Ògmhios, Latha Fhèill Chaluim Chille. Air an làrach-lìn, chithear an suaicheantas ùr aig Colmcille, am prògram com-pàirteachais a tha a' ceangal Gàidhlig na h-Alba agus na h-Èireann. Tha an làrach, a tha air a ruith leis an dà bhuidhinn, ri faighinn ann an Gaeilge, Gàidhlig agus Beurla agus tha i co-fhillte le seanailean nam meadhanan sòisealta.

Stèidhich Calum Cille, naomh san 6mh linn, abaid Eilean Ì aig an robh prìomh àite ann am beatha spioradail agus cultar nas fharsainge ann an Èirinn, Alba agus ceann a tuath Shasainn. Dh'fhàg an abaid agus na stèidhean co-cheangailte rithe dìleab de phrìomh chomharran cultarail, nam measg Leabhar Cheanannais. Air an 1500mh ceann-bliadhna bho rugadh e ann an Dùn nan Gall bidh comharrachadh fad-bhliadhna, Colmcille 1500, ann eadar 7 Dùbhlachd 2020 agus 7 Dùbhlachd 2021.

Am measg nam prìomh nithean sa bhogadh, tha

- Òraid air Facebook leis an Dr. Brian Lacey, 'Colmcille', air 8 Ògmhios. Faodaidh tu an òraid fhaicinn le bhith a' leantainn duilleag Facebook Colmcille (@colmcille1500).
- Bidh seinn meadhan-aoiseil airson Latha Fhèill Colm Cille, a chaidh a chlàradh air 8 Ògmhios 2019 ro oidhche na fèise, ri fhaighinn do na h-uile air Soundcloud. [@soundcloud.com/forasnagaeilge](https://soundcloud.com/forasnagaeilge)
- Gabhail thairis de chunntas Instagram Foras na Gaeilge stèidhichte air Colmcille le Edel Ní Churraoin, Raidió Fáilte agus Brìghde Chaimbeul air 9 Ògmhios.
- Cuiridh CHARTS duaisean ealain mhìosail agus taisbeanadh air-loidhne air bhog air 15mh Ògmhios gus ìomhaigh agus taic a thoirt do dh'obair luchd-ealain Gàidhlig mu chuspairean co-cheangailte ri Colmcille. <https://www.chartsargyllandisles.org/>
- *Colmcille 2020*: Farpais dhealbhan gus clann a bhrosnachadh gus gabhail ris na sgeulachdan air an làrach-lìn ùir. Thèid duaisean a thoirt do bhannaichean

Èirinneach agus Albannach airson dealbhan air cò ris a tha iad a' smaoinichadh a bhiodh Colmcille coltach ann an 2020. Faodaidh tu clàradh airson an tachartais ro làimh air duilleag Facebook Comcille (@colmcille1500). Thèid na buannaichean ainmeachadh air 26 Ògmhios.

- Farpais-cheist Gaeilge/Gàidhlig air a chumail le Aodán Ó Cearbhaill agus Eoghan Stiùbhart stèidhichte air cultar agus cànanan na h-Èireann is na h-Alba.

Thuirte Seán Ó Coinn, àrd-oifigear Foras na Gaeilge “Tha Latha Fèille Cholm Cille na àm iomchaidh airson na ceanglaichean againn leis an t-saoghal Ghàidhlig nas fharsainge ann an Alba, Eilean Mhanainn agus le luchd-labhairt Gàidhlig nas fhaide air falbh ùrachadh agus a chomharrachadh. Tha mi a’ toirt cuireadh do dhaoine an làrach-lìn a chleachdadh gus càirdeas eadar Èirinn agus Alba ùrachadh.”

Thuirte Shona NicIllInnein, Ceannard Bhòrd na Gàidhlig: “Chan urrainn cuideam gu leòr a chur air cho cudromach ‘s a tha Calum Cille ann an eachdraidh na h-Alba. Thàinig e a dh’Alba aig àm nuair a bha còmhstri fuilteach a’ dol air adhart eadar treubhan de laoich. Aig a’ cheann thall, dh’aonaich e chan e a-mhàin na Gàidheil, ach cuideachd na Cruithnich, a bha air luchd-ionnsaigh a chumail air ais fad linntean, a’ gabhail a-steach fiù’s neart ìmpireachd na Ròimhe.”

Faic www.colmcille.net gus an làrach-lìn ùr fhaicinn agus gus fiosrachadh fhaighinn mu na tachartasan bogaidh uile.


Thig còmhla rinn air na meadhanan sòisealta tro na tagaichean **#Colmcille1500** agus **#Colmcille** gus ceangal a dhèanamh le coimhearsnachd eadar-mheasgte Cholmcille air-loidhne. Lean sinn air Instagram @_Colmcille gus am fiosrachadh as ùire againn fhaighinn!

An deireadh

Barrachd fiosrachaidh:

Megan NicGill-Fhaolain (Bòrd na Gàidhlig) air 07584 103 944 no megan@gaidhlig.scot

Anna Davitt (Foras na Gaeilge) air 00353 87 673 6175 no adavitt@forasnagaeilge.ie





Preaseisiúint

Lainseálann Foras na Gaeilge agus Bòrd na Gàidhlig suíomh gréasán nua do Cholmille

9 Meitheamh 2020

Tá lúcháir ar Fhoras na Gaeilge agus ar Bòrd na Gàidhlig suíomh gréasán nua a lainseáil inniu don chlár Colmille, a nascann Éire agus Albain. Lainseáladh an suíomh nuadheartha ar an 9 Meitheamh, lá féile Naomh Colmille. Ar an suíomh tá lógó nua do Cholmille, an clár comhpháirtíochta a nascann Gaeilge na hÉireann agus Gaeilge na hAlban. Tá an suíomh comhóstáilte ar fáil i nGaeilge na hÉireann, i nGaeilge na hAlban agus i mBéarla, agus tá sé comhtháite le cainéil ar na meáin shóisialta.

Bhunaigh Naomh Colmille, a mhair sa séú haois, mainistir Oileán Í, a raibh ról lárnach aici sa saol spioradálta agus sa chultúr trí chéile in Éirinn, in Albain agus i dtuaisceart Shasana. D'fhág an mhainistir agus a comh-mhainistreacha séadchomharthaí móra cultúrtha ina ndiaidh, lena n-áirítear Leabhar Cheanannais. Ar ócáid 1500 bliain óna bhreith i nDún na nGall déanfar comóradh ar feadh bliana, Colmille 1500, ón 7 Nollaig 2020 go dtí an 7 Nollaig 2021.

I measc bhuaicphointí na lainseála tá:

- Caint ar Facebook leis an Dr Brian Lacey, 'Colmille', ar an 8 Meitheamh ag 5 p.m. Is féidir leat breathnú ar an gcaint ach an leathanach Facebook @colmille1500 a leanúint.
- Beidh cantaireacht ón Meánaois, a taifeadh ar an 8 Meitheamh 2019, bigil na féile, ar fáil do chách ar Soundcloud @soundcloud.com/forasnagaeilge.
- Gabháil seilbhe ar Instagram Fhoras na Gaeilge bunaithe ar Cholmille ar an 9 Meitheamh le Edel Ní Churraoin, Raidió Fáilte.
- Beidh CHARTS ag lainseáil comórtas ealaíon míosúil agus taispeántas ar líne, le próifíl agus tacaíocht a thabhairt do shaothar ealaíontóirí Gaelacha, a thagann le téamaí Cholmille, ar an 15 Meitheamh. <https://www.chartsargyllandisles.org/>.

- Colmille 2020, comórtas líníochta le páistí a spreagadh na scéalta atá ar an suíomh nua a ghlacadh chucu féin. Bronnfar duaiseanna ar bhuaiteoirí ó Éirinn agus ó Albain bunaithe ar léaráidí agus conas a shamhlaíonn siad an chuma a bheadh ar Cholmille in 2020. Is féidir leat clárú don ócáid roimh ré ag leathanach Facebook @colmille1500. Fógrófar na buaiteoirí ar an 26 Meitheamh.
- Tráth ceisteanna i nGaeilge na hAlban agus i nGaeilge na hÉireann, arna óstáil ag Aodán Ó Cearbhaill agus Eoghan Stewart, bunaithe ar chultúr agus ar theangacha na hÉireann agus na hAlban.

Dúirt Seán Ó Coinn, Príomhfheidhmeannach Fhoras na Gaeilge, “Is tráthúil an t-am é féile Cholmille lenár naisc le saol mór na nGael in Albain, ar Oileán Mhanann, agus le cainteoirí na dteangacha Gaelacha níos faide i gcéin, a athnuachan. D’iarrfainn ar dhaoine an suíomh gréasáin a úsáid le cairdeas a athnuachan idir Éire agus Albain.”

Dúirt Shona NicIlinnein, Príomhfheidhmeannach Bòrd na Gàidhlig, “Ní féidir tábhacht stairiúil Naomh Colmille in Albain a mheas faoina luach. Tháinig sé go hAlbain ag am a raibh coimhlintí fuilteacha ann idir treibheanna trodaithe. Ina dhiaidh ní hamháin gur aontaigh sé na Gaeil le chéile, ach na Cruithnigh chomh maith a bhí i ndiaidh cur in éadan ionróirí ar feadh na gcéadta bliain, neart impireacht na Róimhe ina measc.

Tabhair cuairt ar www.colmille.net le breathnú ar an suíomh nua agus le sonraí imeachtaí uile na lainseála a fháil.

Bí linn ar na meáin shóisialta trí na haischlibeanna **#Colmille1500** agus **#LeChéile** agus déan nasc le pobal ilghnéitheach Cholmille ar líne. **Lean sinn ar Instagram @_Colmille agus Facebook chun an scéal is déanaí a fháil ar ár nuacht go léir!**

Críoch

Tuilleadh eolais

Anna Davitt, Clárghainisteoir: Cumarsáid, Margaíocht agus Feasacht, Foras na Gaeilge
Teil: 00353 87 673 6175 Ríomhphost: adavitt@forasnagaeilge.ie

Megan NicGill-Fhaolain (Bòrd na Gàidhlig) air 07584 103 944 no megan@gaidhlig.scot





Press Release

Foras na Gaeilge and Bòrd na Gàidhlig launch new Colmcille website

9 June 2020

Foras na Gaeilge and Bòrd na Gàidhlig are pleased to launch a new website today for the Colmcille programme, which links Ireland and Scotland. The newly designed site is launched on the 9th June, the Feast Day of St Colmcille. The website incorporates a new logo for Colmcille, the partnership programme linking Irish and Scottish Gaelic. The co-hosted site is available in Irish and Scottish Gaelic and English and is integrated with social media channels.

The 6th century Saint Colmcille founded the abbey of Iona which played a central role in spiritual life and broader culture in Ireland, Scotland and the north of England. The abbey and its sister foundations left major cultural landmarks, including the Book of Kells. The 1500th anniversary of his birth in Donegal will see a year-long commemoration, Colmcille 1500, from the 7th December 2020 to the 7th December 2021.

The launch event highlights include

- A Facebook talk by Dr. Brian Lacey, 'Colmcille', on 8 June. You can view the talk by following the Colmcille (@colmcille1500) Facebook page.
- Medieval chant for the feast of St Colmcille, recorded on the 8th of June 2019 the eve of the feast, will be available to all on Soundcloud. [@soundcloud.com/forasnagaeilge](https://soundcloud.com/forasnagaeilge)
- A Foras na Gaeilge Instagram takeover based on Colmcille on the 9th of June with Edel Ní Churraoin, Raidió Fáilte and Brìghde Chaimbeul.
- CHARTS, the Argyll based Scottish culture & heritage organisation, launch a monthly arts award scheme and online exhibition to profile and support Gaelic artists work, aligned to themes of Colmcille on 15th June. <https://www.chartsargyllandisles.org/>.
- *Colmcille 2020*: A drawing competition to encourage children to embrace the stories on the new website. Irish and Scottish winners will be awarded with prizes based on illustrations on how they imagine Colmcille would appear in 2020. You can register for the event in advance at the Colmcille (@colmcille1500) Facebook page. The winners will be announced on the 26th of June.

- A Gaeilge/Gàidhlig quiz hosted by Aodán Ó Cearbhaill and Eoghan Stewart based on Irish & Scottish culture and languages.

Seán Ó Coinn, Foras na Gaeilge chief executive officer said “The Feast-Day of St Colmcille is an appropriate time to renew and celebrate our links with the broader Gaelic world in Scotland, the Isle of Man and with Gaelic speakers farther afield. I would invite people to use the website to renew friendships between Ireland and Scotland.”

Shona MacLennan, Bòrd na Gàidhlig chief executive officer said “St Columba’s historical significance in Scotland cannot be underestimated. He arrived in Scotland at a time of bloody rivalries between warrior tribes. He went on to unite not just the Gaels, but also the Picts, who for centuries had resisted invaders, including the might of the Roman empire.”

Visit www.colmcille.net to view the new site and for details on all launch events.

Join us on social media through the **#Colmcille1500** and **#Colmcille** hashtags and connect with the diverse Colmcille community online. Follow us on Instagram @_Colmcille to keep updated on all our latest news!

Ends

More information

Megan MacLellan (Bòrd na Gàidhlig) on 07584 103 944 or megan@gaidhlig.scot

Anna Davitt (Foras na Gaeilge) on 00353 87 673 6175 or adavitt@forasnagaeilge.ie

